

## Cùrsaichean Goirid – Ìre 9

### Na prìomh structaran gràmair -

Structaran an tràithe chùmhantail:

- 1) Na cruthan cudromach air fad m.e. *Gheibhinn/gheibheadh; Chan fhaighinn/fhaigheadh; Am faighinn/faigheadh; Nach fhaighinn/fhaigheadh; a gheibhinn/gheibheadh; nach fhaighinn/fhaigheadh; gum faighinn/faigheadh; nach fhaighinn/fhaigheadh.*
- 2) A' cleachdadh an tràithe chùmhantail leis na facail ceist m.e. *Dè/Cò/Cuin/Ciamar/Carson a gheibhinn/gheibheadh? Càite am faighinn/faigheadh?*
- 3) Ath-obair air structaran *nam/nad (na + mo/do)* uile ann an abairtean eas-chruthach, m.e. *na h-èiginn, nar boil, nur comain, nam aonar, nan cabhaig* - agus leis an tràth chùmhantail.
- 4) Ath-obair air structaran bun-os-cionn co-cheangailte ri *mo, do, a, ar, ur an/am* le riochdair mar chuspair na seantans m.e. *Tha mi ag iarraidh ur cuideachadh; A bheil thu airson a faicinn; Bidh tu gam fhàgail air dheireadh* – agus leis an tràth chùmhantail.

### Labhairt foirmeil:

- Artaigilean Gàidhlig sa phàipear-naidheachd - gan leughadh agus an uair sin gan aithris an dèidh ùine cnuasachaidh, nam facail fhèin.
- Artaigilean Beurla - gan leughadh agus gan aithris nam facail fhèin gun an eadar-theangachadh. Bhiodh seo dèante gun dad a sgrìobhadh.
- Agallamhan eadar dithis – ag ullachadh cuspair de an roghainn fhèin, ag ullachadh cheistean agus a' clàradh fhreagairtean. Gach agallamh air a libhrigeadh don chlas, le cothrom airson tuilleadh cheistean bhon chlas san fharsaingeachd.
- Naidheachdan an latha gan ullachadh leis gach oileanach agus gan aithris don chlas ann an dòigh fhoirmeil mar gum biodh aithris naidheachdan bhon rèido. Deasbad ro-làimh air na dòighean as fheàrr air seo a dhèanamh. Seisean cheistean is fhreagairtean leis an tidsear a' stiùireadh 's a' treòrachadh agus a' brosnachadh leudachaidh air briathrachas.
- Sgeulachd ghoirid air a h-ullachadh ach air a libhrigeadh le amas air glè bheag cuideachaidh bho theacs sgrìobhte.
- Anailis air leabhar a dh'fhaodadh leantainn air adhart gu Ìre 10 agus a dh'fhaodadh a bhith na phrìomh chuspair a' ruith tron t-seachdain.

### Labhairt neo-fhoirmeil:

- Naidheachdan neo-fhoirmeil bho gach oileanach, a' brosnachadh cheistean bho na h-oileanaich eile le beachdan bho gach taobh.
- Còmhradh eadar dithis mu chuspair de an roghainn fhèin, gach oileanach an uair sin ag aithris bho chuimhne na chuala iad bho an companach.
- Cluich mas fhìor (role play) – ag atharrais air suidheachadh de an roghainn fhèin agus na h-oileanaich eile a' tomhais an t-suidheachaidh, gach aon dhiubh a' faighinn chothroman air ceistean fhaighneachd, a dh'fheumadh a bhith coileanta.

### Sgrìobhadh:

- Toiseach tòiseachaidh air cuspair sgrìobhaidh cruthachail air a thaghadh leis a' chlas. Deasbad fharsaing mu toiseach, meadhan agus deireadh na sgeòil. Abairtean ùra agus briathrachas san fharsaingeachd ag èirigh a-mach às an deasbaid gan chlàradh air a' bhòrd agus leis gach oileanach, mar chuideachadh aig àm sgrìobhaidh. Cothrom air obrachadh le faclair agus gu h-àraid le co-fhaclair Gàidhlig.
- Toiseach tòiseachaidh air sgrìobt a sgrìobhadh a dh'fhaodadh leantainn air adhart bhon agallamh eadar dithis (gu h-àrd). Bhiodh cuideam an seo a' dol air còmhradh (dialogue) eadar dithis sa chiad àite, le cuspair susbainteach ag amas air a dhèanamh freagarrach airson a chluich air beulaibh a' chlas, ro dheireadh na seachdaine.
- Eadar-theangachadh caran deuchainneach bho Bheurla gu Gàidhlig.
- Deachdadh aig deireadh gach latha!

### Bàrdachd:

- A' tòiseachadh le leughadh bàrdachd an latha an-diugh. A' dèanamh coimeas eadar sin agus bàrdachd an latha an-dè – a thaobh nithean a tha cudromach ann an sgrìobhadh bàrdachd leithid meadarachd, comh-fhuaimneachd, comhardadh, ruitheam agus lididhean anns gach sreath.
- A' mìneachadh 's a' deasbad air brìgh nam briathran ann an co-cheangal ris a' chuspair sa phìos bàrdachd, na h-abairtean a tha air an cleachdadh airson faireachdainn a nochdadh, na gnàthasan-cainnt, na tionndaidhean san t-sreath, mar a tha cead filidheach ag obair.
- Cothrom air dà phìos bàrdachd a sgrìobhadh mu chuspair(ean) de an roghainn fhèin, ann an stoidhle nua-aimsireil agus ann an stoidhle seann bhàrdachd. Cothrom air an seo a dhèanamh mar obair-dachaigh le leughaidhean is deasbad sa chlas latharna-mhàireach.

### Cuspairean eile cànan:

- Sean-fhacail m.e. *Ruigidh each mall muilinn!* A' deasbad air mar a tha na facail a' co-chàradh ri chèile agus a' mìneachadh air brìgh na h-abairt, air dòighean no suidheachaidhean sam faodte an cleachdadh agus mar a tha iad a' leudachadh beairteas a' chànan.
- Samhlaidhean m.e. *Cho cruinn ri gealach an abachaidh; Cho disear ri cat grìosaich.* A' dearbhadh mar a tha iad a' cur ri saidhbhreas a' chànan le bhith a' mìneachadh dhòighean is shuidheachaidhean san gabhadh iad an cleachdadh.
- Ainmean àiteachan ann an Alba – m.e. *Achadh nan Allt; Bràigh Leòid; Baile a' Ghobhainn.* Mìneachadh air brìgh agus beagan deasbaid air sgìre(an) nan ainm, a thuilleadh air cothrom math airson ainmean àiteachan ionnsachadh tro bhith a' dèanamh deagh chleachdadh air an tuiseal ghinideach aig an aon àm!
- Òrain de dhiofar ghnèithean agus eachdraidh nan òran.